



**SIR SEORAS  
UILLEAM ROS**

**FRISEAL**



**\* A Distributed Proofreaders Canada eBook \***

This ebook is made available at no cost and with very few restrictions. These restrictions apply only if (1) you make a change in the ebook (other than alteration for different display devices), or (2) you are making commercial use of the ebook. If either of these conditions applies, please check with an FP administrator before proceeding.

This work is in the Canadian public domain, but may be under copyright in some countries. If you live outside Canada, check your country's copyright laws. **If the book is under copyright in your country, do not download or redistribute this file.**

*Title:* Gearr-sgeoil air Sir Seoras Uilleam Ross

*Date of first publication:* 1915

*Author:* Alexander Fraser

*Date first posted:* May 23, 2012

*Date last updated:* May 23, 2012

Faded Page ebook #20120515

This ebook was produced by: David T. Jones, James Wright, Michael Bauer of Gaelic translation services [www.akerbeltz.com](http://www.akerbeltz.com), Ross Cooling & the online Distributed Proofreaders Canada team at <http://www.pgdpCanada.net>

# GEARR-SGEOIL

AIR

# SIR SEORAS UILLEAM ROS

AGUS AIR

MAR A THUINICH NA GAIDHEIL  
ANN AN CANADA UACHDRACH

LEIS AN  
OLLAMH ALASDAIR FRISEAL

TORONTO, 1915

FACAL TOISEACHAIDH

I.  
II.  
III.  
IV.  
V.

---

# FACAL TOISEACHAIDH

**I**S toigh le sluagh la-an-diugh a bhith leughadh eachdraidh-beatha dhaoine ainmeil: tha e iomchuidh gu'm bitheadh na Gaidheil cuimhneachail air diùlanaich an cinnidh fein, agus tha e 'na aobhar bròin cho beag 's a chaidh chur a'n clò mu Ghaidheil iomraiteach Chanada, am measg an robh daoine cliùiteach a choisinn moladh an co-dhuthchaich.

Bho thoiseach àiteachaidh Chanada bha na Gaidheil am follais. Bha iad ann an armailt Wolfe aig Louisburg agus aig Quebec far an do thionndaidh iad an latha. An deidh na sìthe fhuair iad obair eile ri dheanamh. Thog iad fearann, chaidh iad a stigh gu doimhneachd na coille a bhuinnig dhachaidhean dhaibh fein. Shoirbhich leo is dh' fhàs iad lionmhor: anns gach gairm is gnìomh bha iad deas; leòsan shocraicheadh seol-riaghlaidh agus móran de laghanan bunabhasach na tìre. Bhitheadh e chum toil-inntinn an gineil—dh'fhaoidte chum an leas—na 'm bitheadh iomradh orra air a ghleidheadh leinne.

'S i 'n smuain so a mhàin ceann-fàth an sgeoil ghoirid so mu Ghaidheal Chanadach nach d'rinn dearmad riamh air Tìr nam Beann.

---

# SIR SEORAS ROS

## I.

SA N t-seann aimsir b'abhaist do na Gaidheil caoidh mór a dhèanamh mu bhàs ceann-cinnidh, no neach eile air an robh mór spéis. B' e dleasan a' phiobaire an coronach a thogail ri toirm na pioba; dleasan a' bhàird cliù an laoich a chur air fonn nan dàn. B' i so an duais a b' àirde ris an robh dùil aig na flaithean Gaidhealach 's an t-saoghal so, maraon duais nam marbh agus misneachadh nam beo; oir cha robh àrd no iosal gun deidh air deagh bheachd a ghinealaich fein, agus air àite urramach fhaotainn ann an eachdraidh bhuan a dhuthcha.

Tha bàrdachd Oisein luchdaichte le trom thùrsa airson nam marbh gaisgeil a chuir deagh chomhraig 's a thuit 's a bhlàr:

'Charuill, tog do ghuth gu h-àrd  
Air gach linn a bh' ann nach beò;  
Caithear oidhche ann am min dhàn;  
Faighear gàirdeachas 's a' bhròn.  
'S iomadh saoi is òigh 'bu chaoim  
'Ghluais o thùs a'n Innis-fàil.  
Is taitneach dàin air na laoich  
O thaobh Alba nam fuaim àrd.  
'N uair a dh' aomas farum na seilg  
Fo ghuth Oisein nan caomh-rann,  
'S a fhreagras aonach an deirg  
Sruth Chòna nan toirm mall.

—FIONN. D. I. 565.

Agus, a rithis, mar tha e ag imeachd le ceum stàideil na h-aoise:—

A ghutha Chòna, 's àirde fuaim,  
A bhàrda tha luaidh mu aois,  
Do'n eirich air 'ur n-anam suas,  
Feachdan mór' nan gorm chruaidh laoch.  
'S taitneach leam aoibhneas a' bhròin,  
Fo 'n lùb geug dharaig nan tòrr,  
'S an duileach òg ag eirigh maoth,  
Togaibh-se, mo bhàird, am fonn.

Cha 'n fheil carrachan-cuimhne a's brèagha no a's maireannaiche na iadsan a dheilbheadh leis na bàird mhóra,—Alasdair Mac-Mhaighstir Alasdair, Dunncha Bàn Mac-an-t-saoir, Iain Lom, Iain MacCodrum, agus Iain Moireastan, Gobha na Hearradh, mar air Domhnullach na Tòiseachd:—

Bha do phearsa 's do ghluasad,  
Co tlachdmhor, neò-thuairegheach, is tlàth,  
Chor 's gur tearc iad thug fuath dhuit,  
Ged bu lionmhor bha fuaidht' riut a'n gràdh;  
Aig na h-islean 's na h-uaislean,  
Bha spéis dhuit, ged b' uaibhreach dhiubh pàirt,  
Nì dh' fhag t-iomradh g' a luaidh ac',  
Mar sgeul bròin o'n là chual iad do bhàs.

## II.

CHA 'n fheil e 'n am chomas cliù Shir Seorais Rois a chur an céill air an doigh so, ann an duan no òran, ach, mar sheanachaidh feuchaidh mi ri clach a chur 'n a chàrn.

B' e athair, Seumas Ros, a mhuinntir Inbhir-feotharain, a'n Siorramachd Rois. Mar a dh'fhàs e suas chaidh e gu sgìre Eadardain, air taobh an ear-thuath de'n t-siorramachd. Bha e 'n a bhall measail de chomhthional Mhr. Chamshroin, agus tha ainm fathasd air chuimhne am measg nan seann daoine. Agus b'i mhàthair Eilidh Nic-Fhionnghain, a bhuineadh do theaghlach a chaidh o Inbhirnis gu taobh tuath fadhlach Chrombaigh, a 'n Siorramachd Rois. Bha deagh chliù oirre 's a' choimhearsnachd, agus mar a fear-posda fhuair i mór spéis bho càirdean 's an t-seann dùthaich. Bha chàraid so de fhuil ghlan Ghaidhealach fad iomadh ginealach; bha iad ni b'eolaiche air an teangaidh Ghaidhlig na bha iad air a' Bheurla Shasunnach, agus b' abhaist do Shir Seoras, am mac, uaille a dheanamh gu'n d'fhuair e cànan agus smior a shinnseara gun smal gun ghiamh orra.

Mar a rinn móran Ghaidheal eile 's an am, thriall Seumas Ros agus a bhean gu Canada, "tir a' gheallaidh" an la ud mar an diugh. Ach tha atharrachadh mór eadar suidheachadh Chanada an diugh, 's an dé. Tha e furasda do'n eilthreach a shlighe a dheanamh an diugh gu Canada an coimeas ris an turus cheudna a ghabh Seumas Ros mu thri fichead bliadhna 's a dha dheug roimhe so. An diugh foghnaidh da sheachdain air muir, is aon seachdain air tir ge b'e cho fada 's a tha aig neach ri dhol. An sin ghabhadh e sè no seachd seachdain air cuan agus seachdain no'n còrr air loch is abhainn, a bharrachd air an ùine thar ròidean garbh-thollach tulganach, neo-shocaireach tre'n fhàsach, air am bitheadh e fein, a theaghlach, 's a chuid de'n t-saoghal air an tarruing air slaod-dhaimh gun dad a chabhaig.

Thog an Rosach fearann ann am Middlesex aig Naruinn, àite a bha air ainmeachadh air Inbhir-Naruinn anns a' Ghaidhealtachd. Thuinich comhlan math de mhuinntir Rois 's an aite so, daoine sùghail, còir, coguiseach, nach d'fhàg as an deidh air taobh thall a chuain, cràbhachd an athraichean. Anns an tir so chum iad "gu daingean samhladh firinneach nam briathran fallain a chuala" iad 'n an oige, agus cho luath 's a b'urrainn daibh thog iad, ann am frithean domhail Ontario, Béteil dhaibh fein, anns an robh teagasgan móra a' Bhiobuill air an cuir an céill gu soilleir, soisgeullach, a réir bheachd "Athraichean Rois," mar ann an leabhar an Doctair Cheannaidich, Urramaich, nach maireann. Bha ministearan tearc, oir bha 'n sluagh sgapta 'n am badanan beaga thall 'sa bhos thar mór astar, ach bha na daoine, mar a b' fhearr a b' urrainn daibh, "a' cumail am mach facail na beatha"; bha frasan o'n àirde ag ùrachadh an fhuinn, agus a'n deagh àm thainig toradh trom am mach.

Ach cha d' fhàg na daoine so an cruaidh-fhortan 's am bochdainn 'n an deidh 's a' Ghaidhealtachd. Bha eiginn agus uireasbhuidh a' feitheamh orra a' n so, agus b' iomadh strith a bh' aca ri dheanamh a chumail an cinn os cionn na h-an-shocair. Dh'fhàg iad fearann cumhang, sluaghmhor; thainig iad gu fearann farsuing, beag-shluaghach. 'S an t-sean aite bha 'n daimhich 's an càirdean fein aca. Ged bhitheadh an lòn air uairibh gann, gaoth an ear-thuath air uairibh greannach, cruaidh, bha'm fàrdach blàth le bàidh do chach a cheile. 'S an tir ùr bha lòn ri chosnadh le neart ghairdein agus spionnadh cridhe a thug cruaidh-dheuchainn air an neach a b'fhearr dhiubh. Cha d' thainig iad o an-shocair gu socair, ach gu dùthaich, gealltanach mar bha i, a bha doirbh ri h-àiteachadh.

'S lionmhor rann a chaidh dheanamh mu chor nan Gaidheal a bha'm measg ceud luchd-àiteachaidh Chanada. Tha na rannan a leanas o'n bhàrd Mac-Gilleann, Mherigomish, 'dol dìreach gu cridhe na cùise, 'n a dhoigh gheur-bhriathrach fein. Ged rinneadh iad air Nova Scotia tha iad fìor mu sheann Ontario, mar an ceudna:—

'S i so an dùthaich 's a bheil an cruadal  
Gun fhios do'n t-sluagh a tha tigh'nn a nall,  
Gur h-olc a fhuaras oirnn luchd a' bhuaireidh  
A rinn le'n tuairisgeul ar toirt ann.  
Ma ni iad buannachd cha mhair i buan dhaibh,  
Cha dean i suas iad 's cha'n ioghnadh leam,  
'S gach mallachd truaghain a bhios'g an ruagadh  
Bho'n chaidh am fuadach a chur fo'n ceann.

\* \* \*

'N uair thig an geamhradh is àm na dùbhlachd  
Bidh sneachda 'dlùthadh ri cùl nan geug,

'S gu domhain dùmhail dol thar na glùine,  
'S ge maith an triùbhsair cha dean i feum,  
Gun stocain dhùbailt' 's a' mhocais chlàdaich  
'Bhith's air a dùnadh gu dlùth le éill;  
B'e 'm fasan ùr dhuinn a cosg le fionntach  
Mar chaidh a rùsgadh de'n bhrùid an dé.

Mar bi mi eòlach airson mo chómhdaich  
Gu'm faigh mi reòta mo shròn 's mo bheul;  
Le gaoth a tuath a bhith's neamhail fuaraidh  
Gu'm bi mo chluasan an cunnart geur.  
Tha'n reothadh fuath'sach, cha seas an taugh ris,  
Gu'm mill e chruaidh ged a bha i geur;  
Mur toir mi blàths d'i, gu'm brist an stailinn,  
'S gun dol do'n cheardaich cha ghearr i beum.

'N uair thig an samhradh 's a miosa céitean  
Bidh teas na gréine 'g am fhagail fann;  
Gu'n cuir i spéirid 's a h-uile creutair  
A bhith's fo éislean air feadh nan toll:  
Na mathain bhéisteil gu'n dean iad eirigh  
'Dhol feadh an treud 's gur-a mór an call;  
'S a chuileag inneach gu socach puinsionta  
'G am lot gu lionmhor le roinn a lainn.

Gu'n dean i m' aodann gu h-olc a chaobadh  
Cha'n fhaic mi 'n saoghal 's ann 'bhith's mi dall,  
Gu'n at mo shuilean le neart a cungaidh  
Ro-ghuineach drùidhteach tha sùgh a teang.'  
Cha'n fhaigh mi aireamh dhuibh ann an dànachd,  
Gach beathach gràineil a thogas ceann,  
'S cho liugha plaigh ann a 's a bh'air rìgh Pharaoh  
Airson nan tràillean 'n uair bhàth e'n camp.

\* \* \*

Ma bha 'choille fiadhaich, fuachd a gheamhraidh is teas an t-samhraidh, dian-chruaidh, na cuileagan, nimheil, na fiadh-bheathaichean, lionmhor, na ròidean, garbh, 's am fearann 'n a dhithreabh doirbh "As nach tugadh an Fhéinn iad féin aran," bha cridheachan nan daoine teoma, laidir, 's cha robh gealtair 'n am measg. Mar bu chruaidhe an gnothuch b'ann bu chalma am misneach, 's cha b' fhada gu an d'thug iad buaidh.

Thainig Seumas Ros, agus na bha leis, 's a' bhliadhna 1832. Bhuineadh am fearann a thog iad do'n Chuideachd Chanadach agus b' i phrìs da dholair an acair. Bha 'n talamh gu leir air a chomhdach le coille mhoir, dhùmhail dhrislich. Bha craobhan de iomadh seorsa ann,—bha 'n giuthas pailt, darach, beith, uinnseann, seudar, walnut, maple, agus mórán eile freagarrach airson thaighean agus oibre ghnathaichte na saorsainneachd. Dh' fhosgail a' Chuideachd Chanadach aon rathad troimh 'n sgìre; b'e sin uile na rinn iad. Bha muilean-sabhaidh aig fear-ionad na Cuideachd, d'am b' ainm Domhnall Mac-an-Toisich, faisg air laimh, ach cha robh goireas eile 's a choimhearsnachd. B' e cheud ni a bha ri dheanamh taighean a thogail airson fàsaidh nan teaghlachaichean,—mar theirte riutha *Shantaidhean de logaichean*—bothain de fhiodh garbh air a mheadhadh leis an tuaigh.

Ged bu taighean beaga, fiodha bh'annta cha bu taighean suarach iad; bha iad air an deagh thogail, goireasach agus dìonach ri gaillionn a' gheamhraidh. Dh' fheumadh neach a bhith làmh-ghleusta, eòlach air gnàths na tuaighe, an uird, an tàil, 's an tora; agus, mar an ceudna ceann seadhail a bhi air a mhuineal mu 'n rachadh aige air taigh *logaichean* a thogail gu ceart.

Gu'n do dh' aithnich mi o'n uair sin  
Gu'm bu chruadalach a chuis dhomh  
Teannadh ri reiteach na coille  
'S gun mi goireasach g'a ionnsaidh.  
'M fear nach dean obair le tuaigh  
Is nach urrainn an uaisle 'ghiùlan  
B' fheàrr dha fuireach ann an Albainn;  
'S gun an fhairge gharbh a stiùreadh.



---

### III.

CHA robh aoidheachd bhlàth a' feitheamh air na Rosaich an uair a rainig iad an dachaidhean ùr ann an Ontario, oir cha robh neach sam bith aig ceann an uidhe a thoirt aoidheachd dhaibh. Bha 'n tìr falamh, fàs, ann an staid naduir, gun chraobh air a leagadh, gun taigh air a thogail: bha'n talamh, gun teagamh, reamhar, trom, ach bha i air a tur-chomhdach le coille gharbh a dh'fheumta chur deth bonn. B'e cleachdadh nan Gaidheal ann an Canada, gach coibhneas a' nochdadh d'an luchd-duthcha a bhitheadh a tighinn d'an ionnsuidh. Bha iad lamh-fhosgailte, fialaidh d'an co-chreutairean, gu h-àraidh d'am muinntir fein. Mar bu tric bhitheadh fios aca mios no dha roimh laimh gu'n robh seana choimhearsnaich a' tighinn, agus dheantadh ullachadh air an son. Aig an am cheart rachadh neach eòlach g'an coinneachadh air an t-slighe, chum an treòrachadh gu baile, far am bitheadh cairtealan deas air an son am measg nan càirdean. Gheibheadh iad fàilteachadh cridheil, coibhneil, agus an deidh la no dha 'dhol seachad a'leagail dhiubh sgios an turuis, rachadh fearann freagarrach a thogail air an son. Air dha so bhi deanta thòisichheadh an obair gun dàil; agus b'i sin an obair!

B'e cheud ni àite a thaghadh airson taigh-comhnuidh agus treabhair, faisg air am bitheadh uisge math airson duine is ainmhidh. Bu tric so air bruaich sruthain far an cluinnte torman caoin an uisge, no air bràigh tomain seasgair, a ghlacadh araon deò ùrail an t-samhraidh agus gaoth ghrianach an fhogharaidh. Ach air iomadh baile-fearainn cha robh idir sruth no tom, loch no bealach; bha mhórchuid 'na mhachair chomhnaird fad mhiltean air gach taobh. Air tìr de'n t-seòrsa so dh'fheumta tobar a chladhach fada fodha 's an talamh, agus ri thaobh rachadh na taighean a chur suas. Air do'n bhaile agus làrach nan taighean a bhith air an taghadh, chruinnicheadh na coimhearsnaich gus an togail. Bhitheadh obair ann daibh uile. Bhitheadh na craobhan ri ghearradh sios chum làraich a dheanamh do'n taigh, oir b' ann 's a' choille a bha 'n gnìomh ri dheanamh. Dh'fheumadh an làrach a bhith cho farsuing 's nach tuiteadh craobh 's am bith a leagadh stoirm air an taigh. Rachadh, a'n sin, làrach an taighe a thomhas, agus a reiteachadh, agus ùrlar comhnard, reidh a dheanamh airson nan seòmar. Mur bu tric bhitheadh na taighean de'n aon mheud is dealbh; far am bitheadh teaghlach mór, bhitheadh seòmar no dha a bharrachd air an cuir ris an taigh, ach am bitheantas 's i bhitheadh ann fardach de tri no ceithir a sheòmraichean, mu dheich throidhean fichead air a fad, agus mu fhichead troidh air a leud. Anns a' chuid bu mhotha dhiubh bhitheadh lobhta air am bitheadh àite-laidhe òganaich an teaghlach, agus, ri cliathaich an taighe bu dual do sheòmar cùil no dha a bhi ann airson nan nighean. Fo'n ùrlar bhitheadh seilear air a cladhach, anns am bitheadh measan, luibhean-gàraidh, biadh is annlann air an dìon bho theas 's bho fhuachd na h-aimsir. B'ann car mar sin bha cumadh nan taighean-comhnuidh a bha nis gu bhith air an togail. Bha 'n sgil bu mhotha feumail airson oisinnean an taighe agus bhitheadh ceathrar dhaoine tapaidh a' frithealadh do'n ghnòthuch sin. Bhitheadh na craobhan bu fhreagarraiche air an gearradh sios 's air an slaodadh le daimh gus an làrach. Bhitheadh iad a'n sin air an leagail sios 's an àite cheart, a' cheud shreath air bunchar cloich, agus chuireadh na h-oisinnich a'n eagan a cheile iad, g'am fiaealachadh gu gramail, eagnaigh, mar bu chòir. Ged nach robh inneal saorsainneachd aig na daoine ach an tuagh, bhiodh oisinnean agus ursainnean an doruis is nan uinneag air an gearradh cho glan, 's air an suidheachadh cho coimhlionta 's ged bu chlachan snaighte de'm bitheadh iad air an deanamh. Mar a rachadh na ballachan suas bhitheadh sogan air na daoine, oir bu taitneach an ni a bhith faicinn na h-aitreibh ag éiridh gu h-eireachdail fo'n laimh. Sreath air sreath, craobh air a sineadh air craoibh, rachadh na ballachan suas gu àirde ochd no naoidh troidh, agus, a' n sin, thoisichte air am mullach a thoirt a steach. Cha b' ionnan mullaich nan taighean so agus mullaich nan seann taighean beaga Gaidhealach. A'n so cha robh maidean-ceangail móra, maide-droma, sparran-tarsuing, sailthean taobhanach, cabair, ceannabhaidhean, no maide-feannaig. Agus cha robh am mullach, biorach, àrd, no cas, mar 's an t-seann dùthaich, ach, an cumantas, car plod, iosal; gun ach beagan claonadh bho'n druim-àrd gu bràigh a' bhalla. Bhitheadh am mullach air a thoirt a steach, le bhith cur craoibh air na tulchainnean, 's air na taobhan, uair mu seach gus an tigeadh an da thaobh, uidh air an uidh, ri chéile, 's a'n sin bhitheadh am mullach deas airson an tughaidh. Cha b'ann de sgrath, no fraoch, no fodar a bhitheadh an tughadh, ach mar bu tric de rùsg chraobhan móra, mar am beith no'm *basswood*. Bu ghnàth leò an rùsg a ghearradh a'm bloidhean gach aon mu cheithir troidhean air fad, agus bho throidh gu ochd oirlich deug air leud. Rachadh an tairngneadh ris na taobh-shailthean, car coltach ris mar a chuirear sgliatan suas, oir na h-aoin a' tighinn dha na thri oirlich thairis air oir na h-aoin eile. Bha so a' toirt an deagh thughadh dhaibh, dìonach agus blàth agus buan. Bhitheadh an teintean aig ceann an taighe. Bho lic gu mullach bhitheadh an similear air a dheagh chreadhadh, agus b' ainneamh an aon anns nach bitheadh tarruing mhath air a' cheò. A réir a chomais chuireadh neach ùrlar fiodh, leachdan, no creadh, 'n a thaigh, an toiseach, ach cia air bith mar thòisichte, cha b'fhada gus am bitheadh an fhardach seasgair, goireaseach.

A chionn nach robh na craobhan de'n robh am balla air a thogail, snaighte, bhitheadh iomadh fosgladh eadar na sreathan tre 'n tigeadh gaoth is fuachd, agus chum so a bhacadh thionailte coinneach agus spealgan de fhiodh 's rachadh an

dinneadh a stigh anns na tuill gus nach fàgta a h-aon diubh neò-dhionach.

Mu'n tigeadh an geamhradh rachadh taobh muigh agus taobh stigh an taighe a chreadhadh, oir cha robh aol deiseil an toiseach. N' am bitheadh mòran sluaigh an làthair bhitheadh an taigh air a thogail ann an aon latha; còrr uair ghabhte dha na thri làithean g'a dheanamh. An uair bha'n obair so dol air a h-adhart, faodar bhith cinnteach nach robh dearmad air biadh is deoch do 'n chuideachd. Fad seachdain roimh laimh bhitheadh àirde air a chuir air a' ghnòthuch, 's 'n uair a chruinnicheadh na daoine air an làrach bhitheadh na mnathan ullamh le teachd-an-tìr. B'e teachd-an-tìr, da rìreadh, an lòn a bhitheadh aca; cha bhitheadh dad dheth o bhùth no bho mharsanta, ach gach spìolag bho'n tìr a bha iad fein ag àiteachadh. Bhitheadh aran coirce, is aran cruithneachd gu leòir ann, 'n a bhuiionnan móra, car coltach ri bonnaich Mhicheil; sithionn, bho'n fhrith-choille phreasanaich, 's an robh gach seòrsa, mór no meanbh, ri 'm faotainn, 's mar an ceudna eoin-choille a'm pailteas. Rachadh an fheòil a' bhruich ann an coireachan móra, agus bhitheadh brot air a dheanamh de'n t-sùgh le measgadh de luibhean a' ghàraidh. Bu dual, mar an ceudna, do dh' uisge-beatha na dùthcha bhith ann, 's cha bhitheadh maille air an òl. Bha na briuthais lionmhor 's bha'n deoch furasda faotainn, mar tha i'n diugh, 's bu bheag a pris. Airson seachd sgillinn shasunnach gheibhte da bhodach dheth, no searrag a chumadh an ceathramh cuid de ghalan. Còrr uair bhitheadh tuille 's a chòrr deth air a ghabhail, ach mar bu tric tha e ri chreidsinn gu robh measarrachd air a cleachdadh. Gun teagamh bhitheadh feisd mhór aig crìch na togalach, agus bha deagh nàbachas air àrach 's air a neartachadh am measg nan coimhearsnach.

Ach cha do sguir an coibhneas ann an so. Bha tuille ri thighinn. Bheireadh cuid de na mnathan bu chomasaiche leotha aodach-leapa, is goireasan beaga airson taigheadais an teaghlaich,—ach air son sin dheth, bha na nàbaidhean gu léir deas gu cach-a-cheile a chuideachadh a réir uireasbhuidh agus comais gach neach fa leth.

B'e sin an doigh anns an robh a' cheud chuid de na Gaidheil a thainig gu Ontario a' tòiseachadh, 's a' deanamh am beò-shlàinte. Bha cuid de na taighean beaga so a mhair ceud bliadhna; bha iad comhfhurtail agus sheas iad gu math an latha fein. Thubbairt Iain Ruscain, an sgrìobhaiche ainmeil, gu'm b' ann as na taighean beaga, dubha 's a' Ghaidhealtachd a thainig na saighdearan bu treuna, 's na daoine bu mheasara a chunnaic an saoghal riamh. Air a mhodh cheudna dh'fhaoidte a radh gu'm b'am bho *Shantaidhean* fiodha nan coilltean a thainig luchd-stiùraidh Chanada,—na ministirean, maighstirean-sgoile, lighichean, luchd-lagha, buill-phàrlamaid agus uachdarain na tìre. Dh'eirich iad bho staid iriosail, onorach, gu inbhe àrd le'n dichill 's le'm misneach féin.

An deigh do theaghlach tuineachadh air an fhearann, thoisicheadh iad air a reiteachadh 's air a ghlanadh. Mar thug sinn fainear cheana cha b' i obair shocrach so, gu h-àraidh far nach robh eòlas na tuaighe aig na daoine. Mar tha 'n sean-fhacal ag radh:

"Is i namhaid duine a' cheaird nach cleachd e."

B'iomadh neach 'n am measg nach do leag craobh riamh, agus a bha ni b' eòlaiche air coin 's air caoraich, air lion-éisg, 's air treabhachas, na bha e air innleachd na coille 's air inneal fir-ceairde. Airson an lethid sin bha' n obair gle dhoirbh gus an do mhaighstirich iad i. Cha robh faochadh ri fhaotainn ach tre'n chleas cheart ionnsachadh le dian-chleachdadh. Bha so ni b' fhuasda do na daoine òga na do na seana dhaoine a bha suidhichte 'nan gnàths,—*"An car a bhith's an t-seana mhaide 's duilich a thoirt as."*

Bha aon de na daoine so a bha bho Airde Mhic Shimidh, a thug dhomh iomadh sgeul air na làithean cruaidh troimh'n deach e féin agus a chompanaich. Aon uair chaidh e féin agus coimhearsnach astar air chuairt a shireadh oibre. Cha robh facal Gaidhlig aig an duine leis an d' fhasdadh iad, agus cha robh acasan ach corra fhacal beurla. Bha na daoine sgairteil, dichiollach, gu leòir, ach aineolach air an obair—gearradh sìos chraobhan—a ghabh iad a'n laimh, is bha iad, mar sin, a' cur am mach an neart gun mór sgoinn. Aon la mar bha na fir ann an teas oibre, fear air gach taobh de'n chraoibh, a dian leagail gu tubaisdeach oirre le'n tuaghan, thainig fear-a' bhaile far an robh iad, 's ag amharc car tacan air an doigh sheochlanaich a bh'aca, thuirte e 'na chainnt féin: "Man, John, work like that is perfectly ridiculous." Cha b'fhios do Iain ciod bu chiall do'n fhacal mu dheireadh de'n achmhasan so, ach shaoil leis gu'm b'e mionn grathail a bh' ann, is dh'eirich a chorruich, oir bha e air a chruaidh chur, 's air a shàrachadh gu goirt leis an obair. Sheall e gu feargach air an tuathanach, is thilg e am mionn mór, mar shaoil esan, air ais 'na aodann, ag radh: "Yes, a dhuine bhochd, it is 'perfectly ridiculous,' is gabh do leòir dheth." An uair a dh' fhalbh an tuathanach thuirte Domhnull: "Iain, Iain, 'de thug ort sid a radh ris an duine? Ge b'e air bith an tàmailt a chuir e ort, cha bu choir mionn tigh'nn as do bheul. Cha b'e sin an eisimpleir a fhuair thus' is mise bho na daoine còir a dh'àraich sinn, 's cha'n fhaod sinn sin a dhi-chuimhneachadh." Ars' an duine còir, le priobadh 'na shùil: "Bha sinn le chéile aineolach, cha b'ann a mhàin air an tuaigh, ach air a' bheurla, cuideachd, agus chaidh iomadh la seachad mus do thuig a h-aon dhinn brìgh an fhacail 'ridiculous'; ach air a shon sin deth, thog a' chuid

bu mhotha dhinn, le sior-chleachdadh, beurla gu leòir, airson gnothaichean an latha a chur air an adhart, agus, mar an ceudna, chum na searmoin a leantuinn air an t-sàbaid."

A lion beag is beag bha iad a' fàs eòlach air an doigh-oibre, agus bha na craobhan a' tuiteam romhpa. An uair a bhitheadh dha na tri acair air an gearradh sìos, chuireadh na coimhearsnaich an guaillean ri chéile, aon uair eile. Ach ciamar a dh'fhaodar sgeul an euchd a bha nis ri dheanamh, a chur ann an altan a chéile? Cha'n fhacar riamh co-fharpuis ni bu ghéire na bhitheadh ann, a' slaodadh an fhiodha do'n chruaich-theine, far an loisgteadh e eadar bhun is bhàrr; agus cha'n fhacar fèill no faidhir riamh a thogadh sunnd nan daoine mar a dheanadh an *Logging Bee* mar theirte 's a Bheurla Shasunnach ris an dian-iomairt so. B'e'n cleachdadh aig am mar so, tiodhlacan bìdh a chur do'n teaghlach aig am bitheadh an cròdhadh fiodha, agus cuide riu rachadh cuid de na nighneagan a fhrithealadh aig am dinnearach agus suipearach. Chruinnicheadh mòran sluaigh agus bhitheadh othail nach bu bheag orra a' cur furain air cach a chéile, agus a' beachdachadh air rian na h-oibre. Rachadh na daoine a'n ordugh oibre air an raon 'n an tri bhuidheannan. Bhitheadh aon bhuidheann de dhaoine seòlta aig a' chruaich, a' gabhail an fhiodha mar a thigeadh e staigh, g'a chàrnadh suas sreath air muin sreath a' cumail an teine beò, leis a' bharrach. Bhitheadh tuaghadairean tapaidh a' gearradh gheugan de na craobhan, a' sgioblachadh a' bharrach agus a' reiteachadh fri-rathadan airson nan slaod. Bhitheadh an tritheamh buidheann sgaoilte thairis air an achadh, gach sgioba 'na h-àite féin, le aon chuing dhamh agus dithis no triùir dhaoine do gach sgioba, le acfhuinn thaghta, goireasach aig laimh. Bha 'ghnìomh féin fa chomhair gach neach 's 'n uair thigeadh an t-am bhiodh na daoine teth gu tòiseachadh. B'ann a'n sin a bhitheadh an strith. B' i 'n obair shonraichte na craobhan a shlaodadh bho'n àite 'san robh iad a laidhe gus a chruaich-theine agus b'i 'n strith co an sgioba a chriochnaicheadh a cuibhrionn féin an toiseach. Bhitheadh am fear bu treasa, 's bu treuna de'n sgioba air ceann na sgioba sin, 's cha bhiodh fairtleachadh na h-oibre air, ge b'e cho doirbh 's a dh'fhaodadh i bhith. Bhitheadh cuid de na craobhan ro throm; cha b'urrainnear ach a h-aon a chur 's an t-slabhruidh aig aon am. Air uairean bhitheadh an rathad cam, cuagach, air feadh nan stochd, doirbh ri dheanamh le cuing throm de dhaimh mall-chasach 's a bheairt. Dh' fheumta cùram agus seòltachd a chleachdadh gus an làd a shlaodadh am mach, agus mar a bhitheadh na daoine a' leigeil an inntinn air an obair, 's a' teasachadh rithe, chluinnteadh gleadhraich nan teanga gu h-àrd a' brosnachadh nan damh, 's a' misneachadh cach a cheile. An deidh na dinnearach na'm biodh piobaire 's a chuideachd, bheireadh e laimh air a' phioba, is sheideadh e suas puirt beothail sùgrach, a thogail spionnadh nam fear 's an cumail gu dian ris an obair. Bhitheadh na h-uile innleachd air a cleachdadh chum an raoin a reiteachadh mu'n tuiteadh dorchadas na h-oidhche, agus bu mhór moit na sgioba a choisneadh a cheud àite. Bu tric duais-buadhaich a bhuileachadh orra aig an t-suipeir, 's bhitheadh an cliù mar dheagh luchd-oibre air a dhaingneachadh. An deidh do'n talamh, a bhith, mar so, air a reiteachadh rachadh uachdar na talmhainn a sgrìobadh le caibe, agus an luathre a sgaoileadh thairis air. Anns an fhonn so rachadh an siol a chuir, agus as thigeadh deagh thoradh 's an fhogharadh.

Bha nis duais an saothrach air a mealtuinn leò; chuir iad an siol ann an dòchas deagh fhogharaidh, oir bu mhór an curam a bha'n crochadh ri sin; chaidh seal goirid seachad, thainig am bàrr a staigh gu sealbhach, agus bhuaibh iad le mór shubhachas, 's cha b'ionghnadh e. Gun dàil an deidh na buana bhitheadh am bualadh ann, agus bu taitneach da rìreadh a bhith cur a cheud làd de'n ghràinne do'n mhuileann. Mar bu tric cha bhitheadh rathad-móra ann, ach, a mhàin, frith-rathad troimh'n choille. Rachadh an damh soitheamh, earbsach, uil'-fheumail, uidheamachadh agus bho bhuisseal gu leth, gu dà bhuisseal choirce a cheangail air cùl a ghualaim, 's le so dh' fhalbhadh fear-an-taighe, no aon de na gillean do'n mhuileann. 'Nam bitheadh an t-slighe fada, bhitheadh an oidhche ann mu'n tigeadh dhachaidh leis a' mhin, ach ge b'e cho anmoch, chumadh an t-annas gach neach de'n teaghlach, bho'n leanabh gus an t-seanamhair, air am bonn, a dh' fhàilteachadh ceud toradh an fhearainn. Ach corra uair cha bhitheadh muileann ann d'am b'urrainn daibh a dhol, agus cha robh ni b' fhearr aca na'm bràth anns am bitheadh an gràinne air a bhruthadh le pronnadair. Tha iomradh air aon bhràth shonraichte a rinn athair an t-Siorraim Mhic Ealair nach maireann, a rinn an gnothuch 's an àite 's an robh e, fad iomadh bliadhna, gus an deach muileann a thogail. Tha'm bràth ainmeil so, a nis, ann an taigh-coimhid ann an Toronto, far am bheil mòran sluaigh o chaoch-la àitean de'n t-saoghal 'ga faicinn na h-uile bliadhna.

An uair a thigeadh an geamhradh cha bhitheadh éis air an obair. Bhitheadh na daoine, òg is sean, a' gearradh na coille; bhitheadh tigheadas air laimh nam boirionnach, 's cha bhitheadh eadhon na pàisdean diomhain. Ann am fallus an gnuis bha iad uile ag itheadh arain; ach a'n cois a' bhonnaich bhig bha 'm beannachd. 'S an tràth fheasgair bhitheadh sùrd air an teaghlach aig bun an teine thiorail. Bhitheadh na boirionnaich a' càrdadh, a' sniomh, a' fighe, 's a' càramh aodaich; na fir a' grèusachd bhròg, a' toinneadh ascairt, a' geurachadh shàbh, a' cur laimh ùr ann an tuaigh, no nithean feumail de'n t-seòrsa sin. Bhitheadh còmhradh ann a reir suidheachadh an teaghlach. Bhitheadh iomadh ni ùr aca ri innse a dh'ionnsaich iad mu'n tìr gus an d' thainig iad, ach bhitheadh a' chuid bu mhotha de'n t-seanachas mu'n duthaich 's mu na càirdean a dh' fhàg iad 'n an deidh. Corra uair bhitheadh céilidh de na coimhearsnaich ann le 'cuid òrain agus

sgeulachdan gun ghò:

"Air gach gaisgeach fearail greann'or  
Bha 's a' ghleann 'n uair bha iad òg."

Bhitheadh an cleasan fein aig a' chlann, agus is iongantach mar a lean cuid diu anns na teaghlaichean ud gus an la'n-diugh. Bliadhna no dhà roimhe so bha'm fear-sgrìobhaidh ann an àite de Ontario far am bheil còmhlan Ghaidheal. Bha clann beaga a' cluiche agus b'e 'n cleas a bh' aca, bioran maide loisgte gu éibhille aig aon cheann, a chur mu'n cuairt cho luath 's a b'urraim daibh, 'n uair bhitheadh iad ag radh na facail so, a dh' ionnsaich iad o'n seanamhair, 's a fhoghlum ise aig Ionarnais 'n uair bha i 'n a caileig a'n sin:

"Dilean, dealan, déigh,  
Tha na féidh air an loch;  
Tha Mac-Shimidh as an déidh,  
'S cha teid na féidh dhachaidh nochd."

---

## IV.

CHÀIDH naoi bliadhna seachad bho'n am 's an do shuidhich Seumas Ros aig Narunn, Ontario. Bha na neoil a' bristeadh, bha na h-achaidhean a' dol am farsuingeachd, agus bha goireasan an taighe a' meudachadh. Anns an àite so, air an ochdamh la deug de mhios mheadhonach an Fhoghair, 's a' bhliadhna ochd ceud deug da fhichead 's a h-aon, rugadh Seoras Ros. Cha robh mór ailghios no mór uireasbhuidh a' feitheamh air. Bha'n teaghlach a' fàs ràthail, agus bha 'n sgoile faisg air laimh, air sràid Ghlaschu, mar theirte ris an rathad-mór a bha 'dol troimh'n sgìre, agus b'e ainm a mhaighstir, Tearlàch MacCoinnich. Bha Seoras 'na dheagh sgoileir, dichiollach agus curamach. Bha e làn de feala-dha agus deidheil air cleasan neirt mar a bha camanachd, a' ruith reisean, a' gearradh shùrdag, a' gleachd agus a' cur na cloiche. Bha e luath-chasach, aotrom, agus cho aighearach 's a b' urrainn do ghiullan smearail slàinteil a bhith. Aig na ceilidhean ann an taigh athar, no ann an taighean nan coimhearsnach mar bha Mac-an-tòisich, Mac-Lachluinn, agus Mac-Griogair, bha e deas mar aithrisear bhàrdachd. B'iad oibre Thomais Chaimbeil a b'fhearr leis,— "Nighean Thighearna Ulainn," "Bairnigeadh Lochiall," agus "Catha Hohenlindein,"—le orain de'n t-seorsa sin, b'iomadh uair a thug e togail inntinn do na bhitheadh an lathair.

Thog e dreuchd maighstir-sgoile agus chaidh e, 'se fathast 'n a bhallachan òg, do'n deicheamh *Concession* air taobh-an-ear do shràid Ghlaschu, a theagasg. Bha so ann an sgìre *Williams*. Bha tri rathadan móra anns an sgìre air an ainmeachadh air na h-àitean bho'n d' thainig an sluagh 's an t-seann duthaich,—Sràid Ghlaschu, Sràid Phettit, agus Sràid Earraghaidheil. Bha da theaghlach de na Rosaich 's an àite,—na Rosaich Móra, 's na Rosaich Beaga,—a reir am fiamh 's an coltais. B'ann do na Rosaich Beaga a bhuineadh Sir Seoras, ach mar robh a bhodhaig neo-chumanta mór bha aige inntinn chumhachdach, ghreimeil, iomadh-fhillte, lughor. Bha meamhair chuimhneachail, ealamh aige, air chor 's gu'n robh e furasda dha araon seanachas agus aireamhachd a chumail 'na cheann. Cha b' fhad an ùine gus an do choisinn e cliù mar fhear-labhairt dealasach, gu sonraichte air taobh na Stuamachd anns an do shaothraich e fad a bheatha; cleachdadh a dh' ùigheamaich e airson an dreuchd àrd a bha 'feitheamh air.

Bho *Williams* chaidh e gu *Melrose*, dluth ri Lunnainn, Ont., a theagasg sgoile. Ann an so thainig e fo bhuaidh cuid de na daoine comasach air an do chuir e eòlas anns a' bhaile. 'Nam measg bha buidheann de luchd-lagha òga a bha am bitheantas ag cnuasachadh cor na duthcha, 's a' sgrudadh bheachdan càch-a-cheile air ceisdean an latha. Thàladh so 'inntinn gu bhi rannsachadh cuisean air a shon fhein, is thoisich e air leughadh nam paipeirean-naigheachd agus leabhraichean-eachdraidh gu geur, mionaideach; cleachdadh a lean ris ri bheò. Bha 'n am fàbharach airson a leithid de dh'fhein-fhiosrachadh. Bha Roinnean móra Chanada air dol a'n comh-bhann, agus bha uachdranachd ùr air teachd a staigh le nithean cudthromach r'a dheanamh agus bunaitean na duthcha r'a shocrachadh. Cha b' urrainn do dhuine òg am ni b' fhearr a mhiannachadh, no cothrom ni bu fhreagarraiche iarraidh airson seirbhis a dhuthcha. 'Sa bhliadhna so—1867—an uair a bha e sè bliadhn' ar fhichead, a dh' aois, chuir e ainm fa chomhair coinneimh thaghaidh na Liberals airson parlamaid, an aghaidh Tomas Scatcherd. Cha deachaidh leis an tràth sin; bha òige 'na aghaidh, agus a bharrachd air sin, b' e Mr. Scatcherd am ball-parlamaid aig an am, mar bha athair roimhe, 's bha 'n teaghlach d'am buineadh e cliuiteach am measg thuathanach Nissouri, an sgìre 's an robh a' chuid mhór de'n luchd-taghadh a' comhnuidh. Ged nach do shoirbhich leis 's a' chuis so, chaidh chomharrachadh am mach mar dhuine gealltanach, a bhuaidhaicheadh a'n deagh am. Mu'n am so chaidh Mr. Ros do'n sgoil Normal far an d' ullaich se e fein gu bhi 'na fhear-ceasnaichidh sgoilean, agus air dha so a dheanamh, dh' fheuch e ris an dreuchd so a thoirt am mach ann an siorramachd Mhiddlesex. Bha a chuid bu mhotha de Chomhairle na siorramachd de na Tories agus chaill e an t-àite mar a shaoil e fhein, an los na rinn e ann an 1867 air taobh na Liberals. Ghabh e an ni gu cridhe. Air an t-slighe dhachaidh thuirt e ri Iain Waters, dluth charaid dha, a bha aig an am 'n a Reeve air *Williams-an-ear*:—

"Tha mi a so suas cuidhte gnothaichean riaghlaidh na tìre. 'S mithich dhomh cumail ri m' dhreuchd, 's ri sin amhàin."

Fhreagair Mr. Waters: "Na can thusa ni sam bith mar sin, airson, ma dh' fhaointe, am bi thu duilich an deidh so."

Thachair gu'n robh Comhairle shiorramachd Lambton a' suidhe aig an am cheudna. Bha chuid bu mhotha dhiubhsan 'n an Liberals. Chuala iad mar a thachair ann am Middlesex. Air an ath mhaduinn chuir iad fios-dealan do'n Rosach gu'n robh dreuchd cheasnaichidh Lambton air a thairgse dha na'n gabhadh se e. Dh' fheuch Mr. Ros an sanas so do Mhr. Waters, a thilg gu h-ealamh air:—

"Gu de mu dheidhinn *politics*, a nis, mo charaid? Tha thu a' faicinn gu'm bheil da fhaobhar air a' chlaidheamh!"

Ghabh Mr. Ros ris an tairgse agus lean e ris an dreuchd sin an deidh dha bhi na bhall-parliamaid airson Middlesex-an-iar. Cuid de'n ùine so bha e 'n a fhear-ceasnaichidh sgoile ann am baile Straruaidh. An duais a fhuair e airson na h-oibre so, thug e seachad, ged nach bu duine saoi bhir e, airson dhuaisean do sgoilearan a' bhaile, a chum am misneachadh 'n am foghlum. Bha dèidh aige a bhi sgrìobhadh do na paipeirean-naigheachd agus bha sgrìobhaidhean bho pheann ri 'm faotainn gu tric anns an *Advertiser* a'n Lunnainn, an *Expositor* a'n Seaforth, agus an *Age* ann an Straruaidh, a bha geur agus comasach. Aig a' cheart am thainig, an drasd 's a risd, bhuaithe, duan agus oran a bha teisteil agus an eatorras math. Bha iad air taobh na stuamachd agus saorsa na duthcha bho dhroch riaghladh. 'Na òige rinn e dàn air "An ni tha dhìth air Canada" anns an d'thug e fainear na caochladh seòrsa dhaoine a thogadh suas cinneach chliùiteach anns an duthaich so,— daoine onarach, tapaidh, saor-thoileach, subhailceach, treuna, measarra, uasal, duthchasach, agus thug e an dàn gu crìch leis na briathran shumndach so:—

"Sin na daoine, a Chanada, a dh'eireadh suas o d' fhonn mhaoth! Sin na daoine gu bhi 'g iomchair slat-rioghail do neart, gu bhi riaghladh thairis air do shleibhteann móra, gu bhi sgrìobhadh ann an eachdraidh, gloir t' ainme."

Fad a bheatha cha do dhìchuimhnich e na smuaintean àrda so; bha e air a lionadh o òige suas le eud airson Chanada, tìr a bhreith is àrach. Ach cha deachaidh na bliadhnachan so seachad ann an diomhanas a thaobh foghlum 'na dhreuchd, agus a thaobh oileanachd eile. Bha e sior strìth air adhart, a' dìoghlum ann an iomadh achadh thorach, a' carnadh suas stòrais 'na inntinn a bhiodh luachmhor agus feumail dha 's na làithean ri teachd.

'S mithich, nis, facal no dha a radh mu theaghlach Mhr. Rois. An uair bha e teagasg sgoil' aig Lobo, 's e bliadhna ar fhichead a dh' aois, b' i aon de chuid sgoilearan Cairistiona Chaimbeul, nighean Dhunnchaidh Chaimbeil, Lobo, fear a mhuinntir Earraghaidheil. Dh'fhàs an càirdeas a thòisich a'n sin gu làn abuchadh agus phòs iad 's a' bhliadhna 1862. Bha iad posda deich bliadhna, 'n uair chaochail ise, agus b' e la a h-adhlacaidh an la air an deachaidh esan a thaghadh, an toiseach, do'n Pharlamaid. Bha coignear theaghlach aca, dithis mhac agus triùir nighean. Chaochail an gille bu shine, Seumas Cowper Ros, 'n a naoidhean agus dh'fhàs càch gu ìre duineadais. Phòs Mr. Ros an dara uair, 's a bhliadhna 1875, Ceit Boston, nighean Robeirt Boston, ann an siorramachd Mhiddlesex. Chaochail ise 's a bhliadhna 1902 ann an Toronto. Bha acasan aonar mhac agus triùir nighean. Coig bliadhna an deidh bàs an darna bean phòs e Mildred Peel, nighean Iain Robeirt Peel, a' n Lunnainn, Ont., a tha fathast beò. Bha na mnai sin ro eireachdail, banail, suairce. Bha iad 'n an taic mór dhà-san tre bheatha shàrachail, euslanaich. Tha'n dithis mhac 'n an daoine tapaidh, ràthail. Tha 'm fear as sinne, Dunncha Caimbeul Ros, 'na fhear-lagha ann an Straruaidh, 's na bhall-parlamaid aig Ottawa, far am feil e 'foillseachadh a chomais-labairt 's a sheòltachd gu soilleire. Tha 'n darna mac, Seòras Uilleam Ros, 'na lighiche ann an Toronto. Choisinn e, mar tha, àrd-ainm 'na dhreuchd. Tha iad, le cheile, 'nan daoine duthchasach, coibhneil, anns am bheil gné a' Ghaidheil a' cinntinn gu nadarra, reidh. Tha na nigheanan pòsda gu cothromach, comhfhurtail, 's a' togail theaghlach chliùiteach, ghasda, 'tha na'n samhladh chiatach air òigridh Ghaidhlich Chanada.

---

## V.

MAR a chunnaic sinn cheana, bha inntinn an Rosaich a' tionndadh do'n Pharlamaid agus thainig an cothrom thuige gun mòr dhàil. Chaidh ainmeachadh airson Middlesex-an-iar, an aghaidh A. P. MacDhomhnuill, an seann bhall-parlaimaid, duine beartach aig an robh greim air an t-sluagh, 's a bhiodh doirbh a chlaoidh 's an t-strìth. Ged bha 'm blàr cruaidh, ged bha'n Rosach òg agus gun airgead, ged bha 'n Domhnullach cleachda 's a chath, le maoin is pailteas air a thaobh; an uair a chaidh an t-aonta mu dheireadh a chunntadh bha 'n duine og, lamh-fhalamh air uachdar, agus an duine eile fodha—chaidh'n Rosach a thaghadh airson na Parlamaid.

Chaidh e gu Ottawa far an robh 'n Ard-Chomhairle a' suidhe, 's a bhliadhna 1872, agus bho'n am sin gu la a bhàis, shaothraich e airson a dhuthcha araon ann an uachdranachd Chanada agus Ontario. Fa chomhair an Rosaich 's an t-seòmar bha Sir Iain Domhnullach, Prìomh-Mhinistear Chanada, agus ri thaobh bha aireamh dhaoine ainmeil, comasach, mar bha Hincks, Tupper, Howe, agus Galt. Mu'n coinneamh bha comhlan de dhaoine fhìor chomasach,—Alasdair MacCoinnich, Blake, Cartwright, agus an lethid sin,—daoine dealasach, geur, a bha ullamh agus toileach gu cònsachadh an aghaidh 'n luchd-riaghlaidh air na ceisdean móra a bha ag eadar-dhealachadh an da thaobh de'n Chomhairle. Bha Mr. Ros am measg dhaoine comasach agus rinn e na b' urrainn e gu bhi foghlum gnàthan na Parlamaid agus brìgh na h-oibre bhuapasan. Cha robh e doirbh dha ionnsachadh, agus ann an uine ghoirid dh'fhàs e eòlach air dleasannas fear-ionaid.

Rè a cheud bhliadhna 's a Pharlamaid dh' erich droch upraid mu 'n airgead a ghabh Sir Iain Domhnullach bho Huistean Allan, ceannas an rathaid-iarruinn sin,—an "Canadian Pacific." Ged a dhearbh an luchd-riaghlaidh gu'n robh an t-airgead air a ghnathachadh ann an cùisean an taghaidh, 's nach robh buanachd aig Sir Iain e fein dheth idir, gidheadh, b'e beachd na Parlamaid nach robh e ceart no iomchaidh do dh'fhear-riaghlaidh airgead a ghabhail o neach, mar a bha Mr. Allan aig an robh gnothaichean ri dheanamh ri luchd-riaghlaidh na duthcha, agus thug Sir Iain suas a dhreuchd. Chuireadh Alasdair MacCoinnich 'na àite; agus thug esan a' Pharlamaid gu crìch air a' bhliadhna sin fein. Sheas Mr. Ros a rithis airson Middlesex-an-iar agus chaidh a thaghadh gun neach air bith seasamh 'na aghaidh. Fhuair luchd-cuideachaidh Mhic-Coinnich buaidh mhór 's an taghadh 's bha e air a dhaingneachadh mar Phrìomhfhear Chanada. Fhuair, a nis, Mr. Ros an cothrom a bha dhìth air, agus cha do sheachainn. Bha a chomas breithneachaidh agus labhairt a' meudachadh, agus bha e fàs feumail 's an t-seòmar-riaghlaidh, agus, mar an ceudna mar chomhairliche earbsach do'n luchd-riaghlaidh. Bha e deas-bhriathrach ann an cùisean malairt, na stuamachd, agus aiteachaidh an fhearainn, agus bha gach bliadhna ag cur ri neart, 's ri chliu. Chaidh coig bliadhna seachad air an doigh so, agus bha Mr. Ros gu socrach agus gu cinnteach ag eirigh ann an spéis a cho-chomhairleach. Anns an taghadh a rinneadh 's a bhliadhna 1878 thuit MacCoinnich agus thainig Sir Iain Domhnullach a staigh a rithis. Bha cogadh cruaidh aig Mr. Ros ri chur ann am Middlesex, oir bha sluagh Chanada air fad air an dusgadh gu mòr 's bha na seann làraichean, na seann chrìochan eadar na Tories agus na Liberals air an atharrachadh. B' e'n cuspair mór a bha eadar an da chuideachd sin, aig an am: Co dhiubh a bu chòir cìs àrd a chur air toradh dhuthchanna céin, bha tighinn a staigh do Chanada, araon chum airgid-riaghlaidh a thogail, agus dìon a chur air maoin Chanada. Bha amanna cruaidh ann; bha bochdainn air feadh na tìre, agus bha moran de na buill-parlaimaid a sheas air taobh Mhic-Coinnich airson saorsa malairt, nach robh air an taghadh leis an t-sluagh. Ach chaidh le Mr. Ros oir bha meas mór air 's an t-siorramachd, agus fhuair e troimh'n deuchainn gu sàbhailte. Anns a' Pharlamaid a lean an taghadh so, bha e ro-dhìchiollach agus bha e air àireamh am measg nan daoine comasach, gibhteach a bha 's a' chomhairle.

Rè an ama so uile bha e 'saothrachadh mar fhear-ceasnaichidh sgoilean, 's mar fhear-deasaichidh phaipeir-naigheachd. Bha e mar an ceudna daonnan ag cuideachadh aobhair na stuamachd, agus ag cur air an adhairt gnothaichean eile. Cha robh e riamh 'na thamh no 'na thosd, agus b' ionnan sgriobhadh no labhairt dha. Mu'n am so bha àite Ministear Foghlum Ontario, falamh, 's bha cor nan sgoil air feadh a' Mhor-roinn car diblidh. Bha feum air duine foghainteach, glic, eolach, air an ceann, agus roghnaich Mr. Mowat, a bha 'na Phrìomh-fhear thar Ontario, Mr. Ros airson an dreuchd. Cha b' urrainnear neach ni bu fhreagarraiche fhaotainn. Cha 'n e mhàin gu robh mion-eolas aige air dreuchd a' mhaighstir-sgoile, 's air uireasbhuidhean nan sgoil, ach bha a chridh 's an obair. Thilg se e fein le uile neart air an raon ùr so, agus is ann mar Mhinistear Foghlum Ontario a choimhlion e gealltanais òige. Air dha Parlamaid Chanada fhagail airson Parlamaid Ontario b'fheudar dha a bhi air a thaghadh airson Ard Chomhairle' na Mór-roinne. Cha do dhiobair daoine Mhiddlesex-an-iar e riamh agus thagh iad e a rithis mar bu nòs. Chuir e laghan nuadh air chois, a leasaich gu mòr staid nan sgoil agus tharruing e ri cheile air aon doigh riaghailteach na caochladh seorsa sgoilean bho thaigh beag na sgìre gu oil-thaigh a' bhaile-mhóir, gach ceum a' leantainn a cheile gu h-ordail, ceart a réir cleachdaidh chumanta na h-Alba. Shoirbhich leis gu h-anabarrach agus bha sgoilean agus oil-thaighean Ontario, ann an uine ghoirid, 'nan eiseimplearean do dhuthchanna



eile.

Ach bha aon àrd-dhreuchd eile a'feitheamh air, agus b'e sin prìomh-mhinisteirleachd Ontario; agus an deidh dha sin a thoirt thairis chaidh e gu Ottawa, a rithis, gu bhì 'na cheannard 's 'na fhear-treorachaidh 's an ard sheanadh. 'S an dreuchd so shaothraich e gu la a bhàis a thainig air 's a bhliadhna 1913—làn de làithean 's de dh'urram.

Cìod e an seòrsa duine a bha a' n so, a dh'eirich cho àrd ann am beachd a ghinealaich fèin, 's ann an inbhe?

Tha e ro dhoirbh beachd fìor-cheart a dhealbh air a' chuid mhór d'ar co-chreutairean; gu sonraichte air daoine tha àrd os ar cionn. An uair a fhuair Gladstone bàs bha mòran de'n bheachd gu'm bu dhroch duine e, a chuir a bhuidhean cumhachdach gu fìor dhroch bhuil; air an laimh eile, bha mòran a creidsinn nach robh a leithid eile ann chum leas agus maith an t-sluaigh a sheasamh, agus gu robh e 'n a fhìor bheannachd o'n Chruithfhear do Bhreatunn's do'n t-saoghal. Tha an ni ceudna air a radh mu Lloyd George. Bha eadar-dhealachadh beachd aig na Gaidheil 's aig na Goill mu luach agus cliu oibre-bheatha Phrincipal Rainy—cuid a' creidsinn gu robh e 'deanamh oibre Shatain, agus cuid eile gu robh e 'na sheirbhiseach dileas, foghainteach do'n Ard Mhaighstir. Tha fìos aig Gaidheil Chanada mar a thilgeadh salchair nan sraid air Sir Iain Domhnullach, agus mar a reubadh cliu Alasdair Mhic-Coinnich; agus, a nis, mar tha bliadhnan dol seachad tha deagh chliu an ainmean le cheile a'dol a'm meud. Thig an neach a smuainicheas air nithean mar so do'n cho-dhùnadh gu bheil breith dhaoine air an co-chreutairean 'n a ni amharrasach air a chuid is fearr, agus gur còir do neach a bhì toigheach mu'n bharrail tha e cnuasachadh mu neach eile.

Tha so air m' inntinn fèin gu mòr an drasd, oir tha mi, mar gu'm b'eadh a' toirt breith air cuspair an sgrìobhaidh so. Ach tha so agam ri radh. Bha cothrom neo-chumanta agam air Sir Seoras Ros aithneachadh. Bha mi gle eolach air fad ochd-bliadhna fichead, a'n cois gnothaichean na duthcha, agus mar cho-Ghaidheal. Bha cothrom saor-labhairt agam ris; b'aithne dhomh gu math cion-fàth cuid de ghnìomharan, agus, mar an ceudna, b'aithne dhomh gu math daoine flathail, fìughanta, a bha dlùth ri inntinn, aig an robh fìor eolas air, agus a bha comasach air a chothromachadh ann am meidh chinntich an fhein-fhiosrachaidh. B'e cuid diu sin an t-Urramach Alasdair MacCoinnich, Tearlàch MacCoinnich, a bhrathair, An Siorram MacEalair, Lachlann MacCorcadail, Uilleam C. Caldwell, an t-Urramach Dr. Caven, an t-Urramach Ard-Easbuig Walsh, an t-Urramach Dr. Milligan, is iomadh neach eile a bha inbheach no iriosal 'n an dreuchd fèin. Bu tric a labhair mi riutha sin, 's ri muinntir eile mu chliu 's mu bheatha Shir Seorais, agus bha gach ni a tha mi ag cur sìos ann an so air a dhaingneachadh leo. "Tha lagh nam modhannan air a chur sìos gu h-aithghearr anns na deich àitheantan," agus is ann a reir an lagha sin a tha breith cheart gu bhith air a toirt air caithe-beatha ar co-chreutairean. Ma shìnear slat-thomhais an lagha sin thairis air beatha Shir Seorais Rois tha mi làn chreidsinn nach bì a chliu aon òirleach ni 's giorra na cliu an neach a b' urramaiche a shuidh riamh ann an caithir prìomhfhear Ontario, ged is mòr an radh sin.

Bha'n Rosach 'n a dhuine moralta, 'n a dhuine glan 'n a ghnè, uasal 'n a ghiùlan, neo-shanntach 'n a inntinn, coibhneil do 'n bhochd, foidhidneach fo thrioblaid, fad-fhulangach fo bhuaireadh, comasach 'n a bhuidhean, fileanta briathrachail 'n a chainnt, drùidhteach 'n a òraidean, araon soilleir agus farsuing 'n a bheachdan, gleusd ann an deas-boireachd, dileas d'a choguis, fìrinneach d'a dhuthaich, agus durachdach, dileas, 'n a dleasan.

Tha mi creidsinn gu robh Mr. Ros ag iarraidh le uile chridhe an ni a bha ceart a dheanamh a thaobh a dhuthcha mar bhall parlamaid, mar mhinisteir, 's mar Phrìomh riaghladair. Tha mi creidsinn gu robh e feuchainn mar a b' fhearr a dh' fhaodadh e a làn dhleasanais a choimhlionadh gu h-onarach d'a cho-chreutair, bho'n neach a b' airde gus an neach a b' isle, mar neach a bha cumntasach do shluagh na tìre airson gach gnìomh d'a dheanadais choitichinn. Ni 's fhaide cha ruig mi leas a dhol 's a' chuis so an drasda, ach na'n robh an t-am iomchuidh, tha mi creidsinn gu'm faotainn a radh le fìrinn gu robh a dhochas steidhichte ann an àrd-uachdranachd an Fhreasdail sin a tha lùbadh gach gnìomh 's gach oidheirp dhaonnail chum a chriocean maith fèin. Gidheadh, tha 'us bithidh caochladh bheachdan am measg an t-sluaigh air an Rosach, mar dhuine 's mar mhinisteir stàid. 'S dual dha sin tachairt; tha gach neach againn fèin buailteach do'n ghnàths cheudna. N' am b' urrainn duinn fìor smuaintean ar cairdean 's ar coimhearsnach oirnn fèin, air uairibh, fhaotainn am mach, chuireadh iad mòr iongantais oirnn, oir is tana an eigh tha fo m' chasan-sa, agus fo d' chasan-sa, a charaid, co air bith thu.

Bho thoiseach gu deireadh a chùrsa bha Mr. Ros trang ag obair. Cha deachaidh stad air a shaothair. B'e sin cion-fàth a shoirbheachaidh. Thoisich e mar bhallachan bochd; cha robh airgead no òr air a chùlthaobh g' a chuideachadh air adhart. Tha'n cothrom cheudna a bh' aigesan aig gach òganach a tha 's an tìr an diugh. 'S i obair chruaidh agus inntinn ghlan a bheir neach gu mullach na beinne. Ma 's e marsantachd, dreuchd an lighiche no 'n fhir-lagha, na ministeirleachd, no oibre-laimh a th'ann, feumaidh neach a bhith 'n a fhìor mhaighstir air a ghnìomh, agus feumaidh e a bhuidhean a gheurachadh leis an fhoghlum sin a tha feumail airson a dhreuchd. Tha a' mhór chuid dhinn comasach air so a dheanamh

ma tha slàinte cuirp agus beachd suidhichte againn ar làn dhìchioll a dheanamh.

Tha'n sean-fhacal ag radh: "Ni lamh na leisge bochd; ach ni lamh nan dìchiollach beartach." Cha d'rinn lamh dhìchiollach Shir Seorais beartas dha. Bha e 'n a dhuine bochd o thòs gu éis a bheatha, mar bu tric fo fhiachan trom, ach a ghnath g' am paigheadh mar bha 'n comas aige, 's aig a' cheann mu dheireadh mar robh moran ri fhàgail 'na dheidh cha robh dad ri dhioladh. Ach thug e neart a bheatha agus toradh a chinn 's a chridhe do'n stàid, chum, mar bha dùil chinnteach aige, maith an t-sluaigh.

Cha robh doimhneachd bhoadhan aige mar bha aig cuid de cho-aoisean ann an Canada; agus cha d'fhuair e cothrom 'n a òige air inntinn a liobhrachadh air cloich-bhleith a chruaidh oileanachaidh, a dh'àraicheadh araon finealachd chainnt agus eagnuidheachd smuain. Bha'n uireasbhuidh so r' a faicinn 'n a mhodh-labhairt, 'n a mhodh-sgrìobhaidh, agus 'n a mhodh saothrachaidh. Ach, "Is airde tuathanach air a chasan na duin'-uasal air a ghluinean."

Ann an aon de dh'òraidean an Rosaich air beulaibh Comuinn Naoimh Aindreis, Toronto (1909) thubhairt e gu robh sluagh Chanada comharraichte math gu bhith tionail 's a' togail gliocais agus ceill o gach cearnaidh de'n t-saoghal, 's g'an ùisneachachadh airson am buanachd féin. Tha iad a' tionail fiosrachaidh agus nuadh smuaintean mu chuisen malairt is airgid as gach àite 's am faighear iad. Tha iad a' toirt bho ghnàths-riaghlaidh dhuthchanna eile na tha iad am beachd a fhreagarras, 's a leasaicheas an gnàths-riaghlaidh fein.

Bha am beachd so gun teagamh ceart, agus tha mi'n duil gu bheil e ceart mu'n Rosach e fein. Bha alt fir-tionail aige ann an ìre mhór; ghabhadh e stigh eolas mar a shlugadh suil-chruthach clach. Agus rinn e 'na bha 'n a chomas chum a bhoadhan a neartachadh le cleachdadh daonnan a thoirt dhaibh a' tional eolais anns gach raon a bha fosgailte dha. Cha robh moran 'san tìr so a dh'obraich cho cruaidh 's cho bitheanta ris air thòir eolais gu bhi leudachadh 's a meudachadh a thuigse, agus ann an roinn mhor shoirbhich leis. Dh' àrdaich e thuigse, agus "chur i suas e; thug i gu urram e; thug i d'a cheann coron maise, crùn gloire thug i seachad dha." Cha'n fheil mi ag radh gu'n deachaidh gliocas ceum air cheum, lamh a'n laimh ri a thuigse, ach gun teagamh b' i 'n thuigse air nithean a dhreuchd 's a dhuthcha, a bhuinig e le mór dhìchioll, a thug comas dha eiridh gus an inbhe air an d' rainig e.

Mar bhall-parlamaid ann an Ottawa bha e dian, dlùth, mar thuir mi cheana, ann an ceum a dhleasanais. Bha e bitheanta 'na àite, a' toirt speis agus suim do'n obair bha'n laimh; a' rannsachadh chùisean na duthcha, 's g'a ullachadh fein airson oibre làitheil an Taighe. Air an doigh so, le sior-shaothair, daonnan ag obair, fhuair e lethid a mhaighstireachd air gnothaichean na parlamaid, 's gu robh e comasach, gun rabhadh fhaotainn roimh laimh, labhairt aig am 's am bith, air cuspair 's am bith a dh'fhaodadh tighinn air lom, agus làn-cheartais a thoirt do'n chùis. Cha robh ach aon duine eile 's an Taigh, aig an am sin, a b' urrainn an ni ceudna a dheanamh—Mr. Anglin, nach mairean, athair a' bhreitheimh ann an Ottawa. Cha'n i slighe shoirbh a tha treòrachadh gu soirbheas; ach "theid an t-anmhuinn dìchiollach thar an laidir leisg," agus a rithis, "Is treun fear an eòlais."

An deidh do'n Rosach bhith aon-bliadh'n deug ann am Parlamaid Chanada, roghnaich Mr. Mowat e gu bhith 'na Mhinisteir Fhoghlum airson Ontario. Dh' fhan e 's an dreuchd sin fad sè-bliadhna deug—gus a' bhliadhna 1899 'n uair a ghairmeadh e gu bhith 'n a Phrìomh uachdaran air a mhor-roinn so. Mar Mhinisteir Fhoghlum bha e trì bliadhna deug fo ughdarras Mhr. Mowat, duine a choisinn spéis agus earbsa an t-sluaigh, mar dhuine còir, ceart, curamach. Ri linn-san rinn an Rosach a' chuid bu mhotha 's bu doirbhe de obair mar Mhinisteir Fhoghlum. 'S e beachd a' chuid mhór an diugh gu'n do chuir e comharradh ionmholta a mhaireas iomadh la air sgoilean agus oil-thaighean na tìre. Tha mi creidsinn g'um b' e an ni bu mhotha a rinn e fad a dhreuchd na h-oilthaighean a tharruing ri cheile ann an Toronto a' ceadachadh do dh'aon oil-thaigh laidir fàs suas a'n àite àireamh de dh' fheadhainn lag a bhith strìth airson am beatha. Nochd e mór thapachd air uairibh an cois a dhleasanais do na sgoilean. Tha Foghlum na duthcha so làn de dhoirbheachd; cha'n e gnothuch furasda a th'ann do neach air bith. S' dual d'a comhstrìth àrach,—Tha maighstirean sgoile, ministerean, àrd-ollaimh, oileanaich, 's an sluagh air fad, ioma-bheachdach, agus is dual do gach neach a bhith sparradh a bheachd fein air a' mhinisteir. Tha e nadurra gu'm biodh tuasaid, aimhreit, agus droch-fharachdainn ag eirigh 's a bualadh a' mhinisteir mar a ghaoith chreanndaidd earraich. B'e sin a' chùis; agus tha e chum creideas an Rosaich gu' n d'fhuair e troimh shè bliadhna deug de'n stoirm le aodach slàn air crann an eathair. Dh' fhaodadh neach innseadh a'n so, 'n am b'fheadar, mu chuid de na nithean dalma, curanta a rinn e, mu nithean a thug e gu buil mhaith an aghaidh luchd-strìth, agus mu nithean a chum e air an ais, 's a bhac e gu tur, an aghaidh neirt luchd-tagraidh 's luchd-bagraidh chumhachdach a bhiodh ag iarraidh nithean nach bu chòir daibh. Ach cha ruigear a leas sin a dheanamh. Sheasadh e roimh Mowat 's a cho luchd-riaghlaidh gun lùbadh glùn, 's cho daingean ri carraig, air taobh na còrach, mar a chunnaic esan i. Tha so agam bho dhithis de cho-luchd-riaghlaidh a thug an teistean dhomh gu robh e ghnàth ag iarraidh an ni a bha ceart a dheanamh. Chaidh innseadh

dhomh leis an rùnair a bha comhladh ris rè na sè-bliadhna deug sin, nach d' fhalaich e riamh bho shùil neach eile aon litir a fhuair e mar mhinisteir, air gnothaichean nan sgoil. Bha iad fosgailte do neach air bith aig an robh gnothuch r'an leughadh; air an doigh cheudna, cha robh ni 's am bith de obair a dh' iarr e a chleith bho chleireach no oifigeach a bha g'a chuideachadh. Cha b'urrainnear dearbhadh ni b' fherr na so fhaotainn nach robh aobhar eagail aige gnothuichean coitchionn a dhreuchd fheuchainn do'n t-saoghal.

An los a shaothair fhuair e urram na doctaireachd o oil-thaighean Naomh Aindreis, a'n Alba, na Ban-rìghinn, agus Toronto, ann an Canada.

Ri linn mar Phrìomh-fhear bha suidheachadh na mor-roinne so car trioblaideach. Bha na Liberals gle fhada air ceann na duthcha, 's bha na neoil a'cur sgaile throm air an iarmailt. An uair a ghabh an Rosach an stiùir, cha 'n e mhàin gu robh stoirm chunnartach a' cruinneachadh air gach taobh, ach bha'n soitheach fein sean, tulgach, eu-dionach. Cha robh riaghladh Mhowat aghartach gu bhi fosgladh suas na duthcha, no gu bhi cur air chois oibre mhóra. Bha Mowat ro chrionta mu bhi cur am mach airgead air leasachadh na tìre. Bha e 'n a shàr fhear-lagha, cùramach, faicilleach, ach cha robh sgonn gnothuich air. Mar sin, bha moran nithean air am fàgail gun deanamh, 's bha'n duthaich a' fulang o' n ghoirt. Bha Mr. Hardy, a lean Mowat, briste 'n a shlàinte, ach beag fad a riaghlaidh, gun chomas moran a dheanamh. Bha'n duthaich ag eigheach am mach airson oibre, airson leasachadh crannchur, agus chuir an Rosach aodann an t-soithich, breòite mar bha i, ri aghaidh gaoithe. Air a' chùrsa b' iomadh tonn a bhual oirre, b' iomadh oidhche, dhubh, neulach, dhorcha a sheas an ceannard air clàr, b'iomadh uair bha'n combaist fa chomhair agus luaidhe ghrunn-aichidh teagamhach 'n a laimh; an drasda 's a rithis b' fheudar bhi teann ri ceann am fhuairidh, ach sheas e àite, ghleidh e 'n stiùir, is shàbhail e 'n luchd bh'air bòrd. Bha cuid de'n luchd so ro-luachmhor, mar a bha fosgladh suas Ontario-mu-thuath, agus an fhurtachd a thug e do dh'oibribh mora Chlèrgue aig Sault Ste. Marie, a shàbhail iad o bhristeadh; agus am misneachadh a thug e do na cuideachdan a tha toirt cumhachd-dhealan a uisgean Niagara. Cho luath 's a ghabh e 'n laimh riaghladh Ontario chuir e am mach deich sgioba do'n taobh tuath a rannsachadh na duthcha o chrìoch Chuibec gu Nepigon 's an iar. Fhuair iad sin a mach naduir agus gnè na duthcha moire sin—gu'n robh moran fiodh luachmhor ann agus talamh beartach, torach a thogadh gach seorsa gràn agus fhreumh airson bidh dhuine agus ainmhidh. Air dha so a bhith air a dheanamh soilleir dha, leag e rathad-iarruinn troimh 'n duthaich chum fhosgladh. A'n cùrsa na h-oibre fhuairidh airgead agus cobalt a'm pailteas mhór, agus leis a so chaidh moran sluaigh gu tuath. A nis, tha òr is airgead agus meinn eile a' toirt a staigh suim a tha dol gus na muileinean gach bliadhna; agus tha'n comhnard mór creadha a' gabhail a steach ceudan de theaghlaichean a tha faotainn dachaidhean a'n sin mar a fhuair na prìomh luchd-aiteachaidh roimhe so ann an Ontario mu dheas. Buinidh cliu an euchd mhoir so do Sheoras Ros, ach cha 'n eil aon àite do'n duthaich ùr so ris am bheil ainm co-cheangailte mar chuimhneachan. Tha ainmean Latchford, Engelhardt, Matheson agus Cochrane gu h-àrd urramach 's an taobh tuath, ach cha'n 'eil baile beag no mór, beann, sliabh, no sruth, air ainmeachadh air an duine a rùnaich, a thòisich, 's a thug gu buil, an obair o'n do shruth so uile.

Ach am measg nan gnothaichean neo-dheanta a bha glaodhaich airson fuasglaidh, cha robh aon aig an am so cho buaireanta ri gnothaich na stuamachd, 's tha mi'n dùil nach fheil aon chupan a dh'òl an Rosach rè a mhinisteirleachd a bha cho seirbh rithe so. Bha e air taobh na stuamachd fad a bheatha. Bha moran chairdean aige air an taobh cheudna, agus bha dochas aca gu'n seasadh e gu dileas leo. Air an aobhair sin feumar leudachadh car mionaid air a so.

Ri linn Mhowat, gheall an duine sin do na Stuaimeich gu'n deanadh e lagh an aghaidh a bhith deanamh deoch laidir ann an Ontario, no gu bhith g'a reic no g'a cheannach,—a'n goirid,—nach biodh malairt na dibhe air a cheadachadh 's a Mhor-roinn; 'n am biodh e air a dheanamh soilleir le àrd-chuirt Lunnainn gu robh cumhachd aig Parlamaid Ontario lagh-bachdaidh de'n t-seorsa sin a dheanamh. Rinn ard-chuirt Lunnainn soilleir gu robh an cumhachd so aig Parlamaidean Mor-roinnean Chanada, ann an cuis Mhanitoba, agus bha duil aig Stuaimeich Ontario an lagh-bachdaidh fhaotainn. Ach mu'n d' thainig breith Lunnainn a mach, chaidh Mowat gu Ottawa, agus lìon Hardy àite ann an Toronto. Dh'ath-ùraich Hardy gealladh Mhowat, ach cha d'fhuair e cothrom a choimhlionadh. Lean Ros Hardy agus bha na Stuaimeich a' cumail a mach gu robh esan cuideachd ceangailte le gealladh Mhowat agus Hardy. C'arson, ma ta, nach do choimhlion e an gealladh? 'Nam b' urrainnear a cheisd so fuasgladh bheirte air falbh an smal a's duirche th'air cliù Shir Seorais an diùgh. Tha mi 's an t-suidheachadh so,—gur urrainn domh mineachadh Shir Seorais fein a thoirt seachad. Chuir mi a cheisd ris la ann an Ottawa beagan is bliadhna roimhe so. 'S ann mar so a fhreagair e mi:—"Bha mise gu tur neo-chomasach air gealladh Mhowat agus Hardy a thoirt gu crìch aig an am. Cha robh ni a bha ni b' fhaisge do m' chridhe, ach bha e do-dheanta. 'S a' cheud àite cha robh an gealladh air a thoirt leamsa ach le Mowat, agus an deigh sin le Hardy. Tha fhios agam gu'n do cheangail an gealladh sin co-riaghlair Mhowat agus na Liberals, ach cha do cheangail e mise mar aon dhuine idir, do bhrìgh nach b'e mise gu pearsanta a thug an gealladh. Nis, bha is tha mi de'n bheachd gu'm bu

chòir do na Liberals an gealladh a choimhlionadh, 's tha mi creidsinn gu'n dean iad sin fhathasd ma gheibh iad an cothrom,<sup>[1]</sup> ach an uair a dh' fheuch mise ri mo cho-riaghladairean 's mo luchd-taic de na Liberals a cho-eigineachadh gu lagh-bacaidh a thoirt a staigh, dhuilt iad calg-dhireach sin a dheanamh. Thairg mi mo dhreuchd a leagail sìos, ach cha d' rinn sin feum. Cha robh mi riamh de'n bheachd gu robh e ceart do dh'uachdran sam bith a bharrail fein a spadadh air muinntir eile an aghaidh an toil. Rinn mise na b' urrainn mi, ach cha robh cumhachd agam daoine a bha neo-thoileach a dheanamh toileach a dhol leam. Cha 'n e mise bu chòir an uallach so a ghiulain, ach na daoine a dhiult 's a chum air ais mi 's a' chùis. Tha mi deonach mo chuibhrionn dligheach de'n choire a ghabhail orm fein, ach faodas tu so a chreidsinn, cha'n e mise bu choireach. Tha iad ag radh nach d'rinn mi mar a rinn Alasdair MacCoinnich mu chise-marsantachd na duthcha. Tha diurras mhor eadar an da chuis. Sheas a chuid mhor do chuideachd Mhic-Coinnich leis-san; cha d'rinneadh sin leam-sa. A bharrachd air sin, cha b' e cùis choguis, ach cùis beo-shlainte ris an robh aig MacCoinnich ri dheanamh. Bha e ro dhiorrasach, ro rag 'na bheachd; cha robh còir no ceart aige feuchainn ri thoil fein fhaotainn 'dheoin no dh' aindheoin, 'n uair bha 'n duthaich dol fàs cion dìon. Cha 'n 'eil an còir so aig duine 's am bith 's an t-saoghal. Chaidh an la seachad anns am faigh riaghladair a thoil fein neo-air-thaing do chàch. Faodaidh duine tha saor o dhreuchd a bheachdan fein a bhi aige, ach ann an duthaich a tha fo shaor riaghlaidh, 's e toil an t-sluaigh, cha'n e toil an uachdarain is còir a dheanamh."

Dh' fhiosraich mi fein a' chùis gu ro-mhionaideach, 's tha mi smuaineachadh nach urrainn a' mhor-chuid de na Liberals clach a thilgeil air a chliù, 's an ni so. Tha mi creidsinn mar theid uine seachad gu'n tig an fhior chor gu solus, 's nach bi càin throm ri phaidheadh le 'dheagh-chliù.

Bha e air a radh gu'n d'fhan e ro fhada air ceann an riaghlaidh. Tha mi creidsinn gu'n d'fhan. Tha mi creidsinn gu'm fac' e caochladh a' tighinn air earbsa an t-sluaigh, 's 'nan robh e saor, nach fhanadh e a'n cumhachd cho fada 's a dh' fhan e. Ach mar thuirt e fein: "Cha b' ann leamsa na Liberals b'ann leosan mise. Bha mi 'n am Phrìomhfhear, ach b' ann mar àrd-sheirbhiseach, cha b' ann mar Impire na-Gearmailt." Chaidh e 's a' chùis so, reir comhairle, cha b' ann a reir a bheachd fein.

An uair a chaidh e do'n duthaich air an tràth mu dheireadh cha robh traoghadh air a mhisneachd no air a threuntachd. Dh' fhoillsich e cridhe an leoghain 's a' chath. Bha a bhuanan air an lasadh le teine 'mhac-mheamna, agus shoillsich a bhriathrachas dubhachas deistinneach na comhstrith mar dhealraicheas dearsadh gealaich an fhogharaidh dubhar na h-oidhche. Bu shluagh mòr na Ceiltich 's an am a thriall, 's cha do chaill iad buaidh fola an sinnsearan fhathasd. Cha b' e gnè an fhior Ghaidheil teicheadh roimh namhaid; "Oir geill cha tug Camashronach riamh"; geill riamh cha d'thug clanna Chuinn Cheud-chathach, no siol Olghair nan Lann, no sliochd Chabarfeigh, no clann Diarmaid O'Duinn, d'an suaicheantas ceann an tuirc; mar sinn nam fineachan eile, na Rosaich nam measg, 's cha bu dual gu'n leagadh Sir Seoras sìos a shleagh 's e beò. 'S an taghadh so sheas e a chùis, ach beag, 'na aonar, air beulaibh an t-sluaigh. Cha robh moran de mhaithibh a thaobh fein maille ris air chuairt. Bha coinneamh an deidh coinneimh aige air feadh na tìre air fad, 's ged bha'n sluagh a' tuiteam air falbh bhuaith cha do chaisg e aon oidheirp, nior robh coltas sgìths air an t-seann each cogaidh no air a mharcaiche. Thuit e mar thuit na ceudan, ach thuit e 's a' bhlàr, le aghaidh ris an namhaid.

Ann an seomair na Parlamaid bha a thlachd ann an gleadhraich nan teanga. Bha e geur sgaiteach 'n a bhriathran, —"ealamh, ullamh, aigeannach," mar tha'n duan. An uair bhiodh deasbud mòr air lom, bha e dàna, colganta, àrd-bhriathrach. Bha e'n sin 'na làn eileamaid; mar shaighdear 's a' chogadh, le claidheamh liobharach chinn Ilich 'na dhòrn, a teumadh, a beumadh, 's a bearnadh am bac baidealach ri aghaidh air taobh eile na cùis. Bha gnìomh an fhir-chlis aige agus cleas an gatha-builg. Cha robh aon innleachd an fhir-labhairt air nach robh e 'na mhaighstir, 's b' ainneamh an t-am nach do choisinn e àrd dhuais an fhir-thagair.

Thubhairt mi gu robh e coibhneil do'n bhoichd agus fòidhidneach fo thrioblaid. Mar dhuine bochd e fein bha bàigh aige do na bochdan agus bha a lamh 'n a sporrann gu minic. Airson moran bhliadhnaichean fhuiling e péin is doruinn leis a ghreim-lònaidh a bha nimheil is cruaidh ri ghiulan. Ach bha fhoidhidinn fo'n eucail so ro-iongantach. Bha e tiorail, blath-chridheach 'n a theaghlach agus ri aghaidh dhaoine. Agus an uair a bha neach 's am bith comhradh ris bha e cuirteil, eireachdail, mar gu'm bu phrionns' a bhiodh ann.

Mar Ghaidheal bha e làn-inntinneach, dileas agus fialaidh. Bha e deidheil air a' Ghaidhlig agus air eachdraidh na Gaidhealtachd air an robh e mion-eolach. Bha e pròiseal mu na rinn na Gaidheil do Chanada; agus beagan mhiosan mu'n do chaochail e dh' iarr e orm a chuideachadh gu commonn de chlann Rois a chur air chois ann am America. Chaidh so dheanamh agus chaidh e fein a thaghadh air an ceann. Bu toil leis a bhi cluinntinn 's a bhi comhradh mu na Gaidheil, agus bha tlachd aige a bhith 'n am measg. "A chuid de Phàras dha." 'S fhada mu'n tig an latha air nach bi ainm air a mholadh

am measg a cho-luchd-duthcha ann an Canada.

## FOOTNOTE

[1] Dh' fheuch iad ri sin a dheanamh 's an Taghadh a'n 1914.

---

## Transcriber's Notes

Hyphenation, spelling and grammar have been preserved as in the original with the following exceptions.

- Page [3](#), "An deidh na sìthe fhuair" changed to "An deidh na sìthe fhuair"
- Page [3](#), "Shoirbhich leo is dh' fhàs" changed to "Shoirbhich leo is dh'fhàs"
- Page [7](#), "Mar a dh-fhàs e suas chaidh" changed to "Mar a dh'fhàs e suas chaidh"
- Page [7](#), "air a' bheurla Shasunnach" changed to "air a' Bheurla Shasunnach"
- Page [11](#), "bhàth e'n câmp." changed to "bhàth e'n camp."
- Page [18](#), "tighinn dha na thri" changed to "tighinn dha na thri"
- Page [23](#), "a bheurla Shasunnach" changed to "a Bheurla Shasunnach"
- Page [29](#), "Tearlach MacCoinnich." changed to "Tearlach MacCoinnich."
- Page [31](#), "'Sa bhliadhua so—1867" changed to "'Sa bhliadhna so—1867"
- Page [34](#), "gu bhi riagladh thairis" changed to "gu bhi riaghladh thairis"
- Page [34](#), "Dh' fhàs an càirdeas" changed to "Dh'fhàs an càirdeas"
- Page [46](#), "so a dh-obraich cho" changed to "so a dh'obraich cho"
- Page [54](#), "dh—uachdran sam bith" changed to "dh'uachdran sam bith"

The following letter accompanied the copy sent by Alexander Fraser to Dr. Huw Morrison, whose Gaelic library now forms the Morrison Collection at the National Library of Scotland.

The Parliament Bldg.

ALEXANDER FRASER, LL.D., LITT.D.  
F. S. A. Scot (Edin)



ONTARIO

BUREAU OF ARCHIVES

Toronto Canada.

29<sup>th</sup> May 1915.

My dear Dr. Morrison: I am sending you a booklet in facsimile which I wrote on the life of the late Hon. Senator Geo. W. Ross, an ex-premier of Ontario, and a Senator of Canada. He was of Rosshire stock and was a staunch Presbyterian elder for many years. I enlarge rather on the conditions under which the Highland pioneers settled in Canada, in order to put the facts I had collected on record. If the Highland Edition of the U. F. Monthly would care for a few lines about it could you kindly oblige them.

With kind regards.

Yours very sincerely,

Alexander Fraser.

[The end of *Gearr-sgeoil air Sir Seoras Uilleam Ross* by Alexander Fraser]